

AIR A' GHILLE THA MO RUN

Gleus C.

Séist. Gu h-aotrom.



: l ., d' | m', m'.- : l ., s | m : r . m | d' : r' ., d' | r', m'.-  
Air a' ghille tha mo rùn, Tha mo rùn air a' ghille;



: d' ., d' | t . l : l , s , m | r : d . , r | m : l . d' | t , l .-  
Bho'n a thug thu rium do chùl, B'e mo dhùr - achd thu thilleadh.

1. 'S ann a fhuair thu t' àrach òg  
'N Apainn bhòidheach nan gillean;  
'S beag an t-ionghn' thu dh' éirigh suas  
Ann an uaisle 's an grinneas.
2. Falt do chinn tha dualach, dlùth,  
T'anail chùbhraidh, ro-mhilis;  
Dà shùil mheallach, chorrach, chiùin --  
'S tu mo rùn de na gillean!
3. Pha thu ro-mhath air an t-sliabh,  
Thoir nan eun bhàrr na h-iteig;  
Gunna dubh a leagadh fiadh  
'S earbag riabhach an fhirich.
4. 'S ann am Muile nam beann fuar  
Tha mo luaidh de na gillean;  
Dh'aithnichinn thu 'measg an t-sluaigh,  
Leis na h-uaislean a' tighinn.

Seinnear an t-séist aig toiseach is deireadh an òrain a mhàin.

Gaelic stresses and vowel values take precedence.